

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Clach an Fhithich (2)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,074. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 770 corresponds to Litir 1,074.

Tha mi a’ leantainn leis an sgeulachd *Clach an Fhithich* a tha stèidhichte ann am Bàideanach. Bha Iain Bàn à Baile na Creige agus Eilidh Nic an Tòisich à Dun Neachdain a’ coinneachadh gu tric faisg air Uisge Spè far a bheil an abhainn a’ dol a-steach a Loch Ìnnse. Dh’fheumadh Iain a dhol tarsainn na h-aibhne aig an àth.

Thàinig uisge mòr an fhoghair, agus cha robh comas aige a dhol a-null tuilleadh. An uair sin, thàinig reothadh a’ gheamhraidh agus bha comas aig Iain coiseachd a-null ’s a-nall air an deigh. Ge-tà, bhiodh iomadach duine a’ spèileadh air an abhainn rèite is air an loch, agus cha robh prìobhaideachd aig Iain is Eilidh airson a bhith ri suirghe. Chuir antaidh Eilidh – Bean-uasal Dhùn Neachdain – casg air Eilidh bho bhith a’ spèileadh no a’ coinneachadh ri leithid de dhuine cumanta mar Iain Bàn. Ged a dh’fheuch Iain ri brath a chur gu Eilidh, dh’fhàilnich air.

Latha a bha seo, choinnich e ri gobha a bha a’ fuireach faisg air Baile na Creige – fear ris an canadh iad ‘Donnchadh na Dà Òrdaig’. Bha fios aig Iain gun robh Donnchadh dìreach air a bhith ann an Dùn Neachdain. ‘An cuala tu dad air Eilidh?’ dh’fhaighnich e.

‘Chuala, gu dearbh,’ arsa Donnchadh. ‘Tha i na prìosanach na seòmar fhèin, agus chan fhaigh duine faisg oirre.’

‘Tha sin duilich,’ thuirt Iain. ‘**Saoil an toireadh tu litir dhi bhuam?**’

‘Ist,’ arsa Donnchadh. ‘**Bhithinn** ann an cunnart mo bheatha **nan dèanainn** sin. Chaill an gille-frithealaidh aig Eilidh – Ruairidh – a cheann dìreach an-dè airson na coinneamhan eadar thu fhèin is Eilidh a chumail dìomhair bhon Bhean-uasal.’

‘Hut!’ dh’èigh Iain. ‘Tha sin uabhasach!’

Bhruidhinn an dithis airson greis, agus dh’aontaich an gobha litir a thoirt do dh’Eilidh. Sgrìobh Iain an litir agus thug Donnchadh leis i an ath thuras a chaidh e a-null a Dhùn Neachdain. Ach cha do thill Donnchadh dhachaigh. Latha an dèidh latha, bha Iain a’ feitheamh fios bho Dhonnchadh no bho Eilidh fhèin.

Chunnaic athair Iain mar a bha an gnothach a’ toirt buaidh air a mhac. Thug e Iain don taobh agus thuirt e rudeigin neònach ris. ‘Bhiodh fuasgladh ann nam biodh Clach an Fhithich agad,’ thuirt e.

‘Dè th’ ann an Clach an Fhithich?’ dh’fhaighnich Iain.

‘Dh’inns do sheanair dhomh mu a deidhinn, agus tha mi ga chreidsinn,’ dhearbhaic athair. ‘Bidh thu a’ toirt uighean à nead fithich. Bidh thu gan goil agus an uair sin gan cur air ais san nead. Bidh fios aig an fhitheach gu bheil na h-uighean millte. Teichidh e bhon nead. Ach, air an treas latha, tillidh am fhitheach agus bidh

clach bheag na ghob. Bidh e a' suathadh na cloiche ris na h-uighean, agus bidh na h-uighean a' tighinn torach is beò a-rithist. Ma tha duine air a bhith a' coimhead seo, agus ma gheibh e grèim air a' chloich, bidh comas aige a dhèanamh fhèin do-fhaicsinneach.'

'Ciamar?' dh'fhaighnich Iain.

'Uill, ma chuireas e a' chlach na bheul, bidh e do-fhaicsinneach,' thuirt athair. 'Airson a bhith faicsinneach a-rithist, cuiridh e a' chlach na phòcaid.'

'Tha sin iongantach,' thuirt Iain. 'Dh'fhaodainn a dhol a-null a Dhùn Neachdain, agus mi do-fhaicsinneach. Cha bhiodh fios aig a' Bhean-uasal Nic an Tòisich gun robh mi ann.'

'Direach,' thuirt athair. 'Nise, feumaidh sinn nead fithich a lorg.'

* * * * *

Faclan na Litreach: Clach an Fhithich: *The Raven's Stone*; Dun Neachdain: *Dunachton*; deigh: *ice*; casg: *ban*; dh'fhàilnich air: *he failed*; gobha: *blacksmith*; Donnchadh na Dà Òrdaig: *Duncan of the Two Thumbs*.

Abairtean na Litreach: tarsainn na h-aibhne aig an àth: *across the river at the ford*; uisge mòr an fhoghair: *the great rains of autumn*; cha robh comas aige a dhol a-null tuilleadh: *he no longer had the ability to go across*; a' spèileadh air an abhainn reòite: *skating on the frozen river*; cha robh prìobhaideachd aig Iain is Eilidh airson a bhith ri suirghe: *Iain and Helen had no privacy for courting*; tha i na prìosanach na seòmar fhèin: *she is a prisoner in her own room*; chaill an gille-frithealaidh a cheann dìreach an-dè airson na coinneamhan eadar thu fhèin is Eilidh a chumail dìomhair bhon Bhean-uasal: *the ghillie lost his head just yesterday for keep the meetings between yourself and Helen secret from the Lady*; mar a bha an gnothach a' toirt buaidh air a mhac: *how the matter was affecting his son*; bhiodh fuasgladh ann nam biodh Clach an Fhithich agad: *there would be a solution if you had the Raven's Stone*; dh'inns do sheanair dhomh mu a deidhinn: *your grandfather told me about it*; bidh thu gan goil agus an uair sin gan cur air ais san nead: *you boil them and then return them to the nest*; air an treas latha, tillidh am fiteach agus bidh clach bheag na ghob: *on the third day, the raven will return with a small stone in its beak*; a' suathadh na cloiche ris na h-uighean: *rubs the stone on the eggs*; torach is beò a-rithist: *fertile and alive again*; ma chuireas e a' chlach na bheul, bidh e do-fhaicsinneach: *if he puts the stone in his mouth, he becomes invisible*; airson a bhith faicsinneach a-rithist, cuiridh e a' chlach na phòcaid: *to be visible once more, he puts the stone in his pocket*.

Puing-chànain na Litreach: **Bhithinn** ann an cunnart mo bheatha **nan dèanainn** sin: *I would be in danger of my life if I did that. These are both [independent and dependent] forms of the first person conditional – the first the verb 'to be' and the latter the irregular verb dèan 'do, make'. Dhèanainn cinnteach 'I would make certain'.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: *Saoil an toireadh tu litir dhi bhuam?: would you mind taking her a letter from me?*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA